



FEATURE

CPD in Gaelic

Anne Thirkell, a.thirkell@abdn.ac.uk

University of Aberdeen, Scotland

DOI Number: <https://doi.org/10.26203/48ms-2890>

Copyright: © 2007 Thirkell

To cite this feature: Thirkell, A., (2007). CPD in Gaelic. *Education in the North*. 15 pp.55-56.



This is an open-access article distributed under the terms of the Creative Commons Attribution-Non-commercial License (<https://creativecommons.org/licenses/by-nc/4.0/>), which permits non-commercial use, distribution, and reproduction in any medium, provided the original author and source are credited.

Am Prògram Streap: Prògram airson Barrachd Thidsearan a Tharraing gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig

Anne Thirkell, School of Education, Aberdeen University, writes about a CPD programme which is designed to increase the number of Gaelic medium teachers

Gach bliadhna, tha sgoiltean Gàidhlig daonnan a' sireadh thidsearan ùra airson nan clasaichean aca: tidsearan a thòisicheas aonadan ùra; tidsearan a ghabhas clas far a bheil tidsear eile dheth; no tidsearan a thòisicheas air cuspair àrd-sgoile a theagasg nach robh air a theagasg a-riamh sa Ghàidhlig san sgoil sin. Mar a bhiodh dùil, chan eil e furasta tidsearan gu leòr a lorg a ghabhas na clasaichean seo, agus glè thric, tha clann, pàrantan agus leasachadh a' chànain fhèin a' fulang ri linn dìth thidsearan. Ach tha Sabhal Mòr Ostaig san Eilean Sgitheanach agus Roinn an Fhoghlaim aig Oilthigh Obar Dheathain air a bhith ag obair còmhla airson feuchainn ri tidsearan aig a bheil a' Ghàidhlig ach nach robh a' teagasg troimhpe a tharraing chun na Gàidhlig agus airson cothrom a thoirt do thidsearan ùra Gàidhlig cuideachadh is stiùireadh fhaighinn leis na sgilean a tha feumail airson teagasg tro mheadhan na Gàidhlig.

Aig Oilthigh Obar Dheathain, tha sinn a' faicinn gu bheil sgilean sònraichte a dhìth air tidsearan a tha a' dol a theagasg gu h-èifeachdach tro mheadhan na Gàidhlig agus bidh sinn ag obair gus na sgilean sin a leasachadh air a' phrògram Streap. Anns a' chiad àite, tha na dòighean teagaisg a tha tidsear a' cur gu feum ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig eadar-dhealaichte bhon fheadhainn a dh'iarras neach a tha a' teagasg tro mheadhan na Beurla. Air sgàth's gu bheil a' chlann air am bogadh sa chànain (sa bhun-sgoil agus san àrd-sgoil), tha e cudromach gum bi beagan trèanaidh aig tidsearan a tha a' tionndadh gu foghlam Gàidhlig mu na dòighean teagaisg sin. A bharrachd air sin, tha briathrachas sònraichte a dh'fheumas a bhith agad nuair a tha thu a' teagasg tro mheadhan na Gàidhlig, co-dhiù an ann sa bhun-sgoil no san Àrd-sgoil a tha thu a' teagasg. Bhiodh e fìor dhoirbh do chuideigin cuspairean mar Saidheans, Matamataig, fiù's Cànan a theagasg mur robh iad air cothrom fhaighinn briathrachas freagarrach ionnsachadh. Cuideachd, tha dìth misneachd air tòrr thidsearan nach eil cleachdte ri teagasg tro mheadhan na Gàidhlig. Uaireannan, 's e seo an trioblaid as motha a tha aca. Air a' phrògram Streap, 's e aon de na prìomh amasan a th' againn gun tog sinn misneachd nan

tidsearan tron phrògram gus am bi iad cinnteach asda fhèin is cinnteach às a' chànain aca airson an cuspair aca a theagasg gu h-èifeachdach.

'S ann aig astar a bhios am prògram seo ga libhrigeadh, agus tha sin a' ciallachadh gu bheil e comasach do thidsearan às gach ceàrn de dh' Alba pàirt a ghabhail ann. Ged is ann aig astar a tha am prògram, tha trì seiseanan aghaidh ri aghaidh ann tron bhliadhna, agus 's e cothrom glè mhath a tha seo do na tidsearan a thiginn còmhla, is chan ann a-mhàin a thaobh obrachadh tro ghnìomhan a' phrògram, ach a thaobh conaltraidh agus coinneachadh ri diofar dhaoine a tha an sàs ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha cothrom aig na tidsearan Gàidhlig a bhruidhinn bho mhoch gu dubh, cothrom nach eil aig cuid de na tidsearan aig àm sam bith eile. Thuirt tè a ghabh pàirt sa phrògram am-bliadhna gur e neart nan seiseanan aghaidh ri aghaidh "coinneachadh ris a h-uile duine agus cothrom còmhraidh fhaighinn."

'S e Teisteanas Teagaisg For-cheumnaiche (Postgraduate Certificate) a gheibhear bhon phrògram. Tha dà chùrsa ann. 'S ann gu mòr a' leasachadh nan ceithir sgilean cànan (labhairt, èisteachd, sgrìobhadh agus leughadh) a tha a' chiad chùrsa. Tha feumalachdan eadar-dhealaichte aig gach neach-teagaisg a thig air a' phrògram, cuid a thaobh laigsean gràmair, cuid a thaobh fileantas còmhraidh. G'e bith dè na duilgheadasan a tha aca, bidh sinn ag iarraidh orra cnuasachadh mun adhartas a tha iad air a dhèanamh air a' chùrsa agus dè na feumalachdan a tha fhathast aca aig a' cheann thall. A bharrachd air piseach a thoirt air na sgilean cànan aca, tha an dàrna cùrsa den phrògram a' leudachadh briathrachas nan tidsear anns a' chuspair no na cuspairean a bhios iad a' teagasg. Mar eisimpleir, ma tha thu gu bhith nad thidsear Matamataig, tha briathrachas sònraichte ri ionnsachadh an sin, is tha na tidsearan a' dèanamh tòrr obair phragtaigeach airson am briathrachas sin a leudachadh. A-rithist, bidh sinn ag iarraidh air na tidsearan cnuasachadh a dhèanamh air an adhartas a tha iad air a dhèanamh a thaobh leudachadh briathrachais, agus tha sinn a' sùileachadh gun cum

iad orra ag obair air seo fiù 's nuair a tha iad ullamh dhen phrògram. Tha cothrom aig na tidsearan leasan a libhrigeadh sa Ghàidhlig, agus mar a thuirtear a ghabh pàirt sa phrògram am-bliadhna mu dheidhinn teagasg tro mheadhan na Gàidhlig, "Chan eil e cho doirbh 's a bha mi a' smaoinneachadh!" Is math sin a chluinntinn!

Tha am prògram air a bhith air leth soirbheachail gu

ruige seo, is ged a tha na h-àireamhan againn beag aig an ìre seo, tha sinn cinnteach gum fàs iad is gun tog e misneachd thidsearan a tha a' tighinn as ùr gu teagasg Gàidhlig.

Ma tha thu ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh mun phrògram Streap, faic: www.streap.smo.uhi.ac.uk